

## Bòrd MG ALBA – coinneamh an-àbhaisteach

Zoom

20/4/20

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:	Ailean Dòmhnullach (sa Chathair)	Jo NicDhòmhnaill
	Daibhidh Brew	Donaidh MacAmhlaidh
	Iain Stephen Moireasdan	Iain Mac a' Mhaoilein
	Marion Nic na Ceàrdaich	Rhoda NicDhòmhnaill
	Lisa Annette	Dùghall MacAmhlaigh
	Màiri Kidd	

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Iseabail Nic an t-Sagairt [IMT] (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)

Niall M Greumach [NMG] (Stiùiriche Ionmhais)

Ealasaid Dhòmhnullach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)

Donaidh Dòmhnullach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)

Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

### 1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

### 2. Gnothaichean Dearbhte

2.1 Nochd Daibhidh Brew gnothach dearbhte co-cheangalte ri Alba Chruthachail a dh'fhaoadh èirigh ann an còmhraidhean mu cho-dhùnaidhean maoineachaidh.

### 3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh

- a) 3 & 4/3/20 – molaichte le Marion Nic na Ceàrdaich agus daingnichte le Iain Mac a' Mhaoilein.
- b) Gnothaichean ag èirigh - comharrachte.

**4a. Covid-19 – Plana Leantainneach Gnothaich MG ALBA**

- 4.1 Bhruidhinn DMD mun phàipear. Chaidh iomradh a thoirt air gu robh an luchd-obrach air fad fallainn agus ag obair bhon taigh (le conaltradh sgioba agus 1:1s a' tachairt làitheil) ach aona neach a tha san stiùidio airson pàirt den là, gu robh obair àbhaisteach na buidhne a' leantainn anns gach roinn, gu bheil clàr BBC ALBA san fharsaingeachd a' cumail a' dol (a thuilleadh air spòrs). Mar sin, bho sheadh leantainneach gnothaich tha gach ni a' dol gu math. Ged a bha cùisean seasmhach an-dràsta le bann-leathann b' e seo fhathast an cunnart as motha. Tha Ofcom agus HIE taiceil agus bheir iad taic seachad ma bhios feum.
- 4.2 Cha d' thàinig mòran cosgaisean a bharrachd air a' bhuidheann thuige seo ri linn na h-atharraichean ach tha an Riaghaltas taiceil ma thig.
- 4.3 Chaidh coinneamh a chumail eadar an Àrd-Oifigear agus luchd ciad-fhuasgladh na buidhne. B' e am faireachdainn gu robh iad a' faighinn ìre mhath de dh'fhiorsrachadh agus taic a thaobh a bhith ag obair bhon taigh agus ann a bhith a' coimhead an dèidh slàinte-inntinn. Le seirbheisean taic air an sgaoileadh leis an Àrd-Oifigear agus an Neach-comhairle HR, cha robh feum air a' chòrr aig an àm seo ach thèid sùil a chumail air cùisean.

**4b. Covid-19: Clàr BBC ALBA**

- 4.4 Bhruidhinn IMT mun phàipear le iomradh ga thoirt air na gnèithean a chaidh an sònráchadh mar phìomhachasan.
- 4.5 Chaidh iomradh a thoirt air àireamhan luch-coimhid. Ged a bha cùisean seasmhach aig an ìre seo bha aithneachadh ann às aonais prògraman ùra agus às aonais spòrs bha dùil gun tigeadh ìsleachadh air na h-àireamhan.
- 4.6 Ged nach bi fios mu chumadh clàr an fhoghair gus am bi fios air ciamar a leanas cùisean, agus fios nach bi e coltach ri bliadhnaichean eile, thèid brath a ghabhail air cothroman sam bith a thig.

**4c. Covid-19: Solar, Riochdairean & luchd-obrach neo-cheangailte**

- 4.7 Bhruidhinn IMT agus DMD mun phàipear le iomradh ga thoirt air na còmhraidean 1:1 a chaidh a chumail le luchd-solar nam pasgan, a' coimhead ri ciamar a tha a' dol dhaibh agus don luchd-obrach san fharsaingeachd, ciamar a tha a' dol le riochdachadh phrògraman le còmhraidean air duilgheadasan sam bith. B' e am fiosrachadh a fhuaras gu robh gach companaidhean a' dèanamh ceart gu leòr aig an àm seo agus gu bheil iad air dòighean ùr-ghnàthach a lorg a thaobh prògramadh. Bha companaidh no dhà air *furloughing* a

dhèanamh air neach no dhà ach gu robh iad seasmhach airson mìos na dhà. Thèid sùil a chumail air cùisean agus leanaidh còmhraidhean.

- 4.8 Spòrs – le obair a' leantainn air na ochd prògraman aithris spòrs, agus le dùil nach bi spòrs ann tron t-samhradh, tha còmhraidhean a' leantainn leis an luchd-solar faic dè ghabhas a dhèanamh. Leis a' chùmhnant a' tighinn gu crìoch air 30/6/20 tha còmhraidhean a' gabail àite mu chùmhnant ùr bho 1/7/20 ach bidh seo a rèir co-dhùnaidhean an SPFL.

**4d. Covid-19: Ullachaidhean Riaghlaichais airson neo-làthaireachd**

- 4.9 Bhruiddhinn DC mun phàipear. Leis nach eil Ofcom ag ainmeachadh Leas-Chathraiche no Cathraiche an-gniomh a sheasad a-steach airson an Cathraiche nam biodh feum, bha am pàipear a' moladh na tha gu h-ìseal.

**MG ALBA – Key Person Absence Planning**

The following provisions are to be read in conjunction with the Financial Regulations and the Scheme of Delegation & Administration.

These provisions will apply in the event of absence of key persons for the period of the Covid-19 crisis, and at any other times deemed appropriate by the Board.

**1. Chairperson**

1.1. To ensure continuity of business, and having regard to the desirability of maintaining the independence of the Audit Committee, the ordinary members must elect among themselves a person to chair the Board (the “Acting Chairperson”) until the period of absence is ended.

1.2. Once elected, the name of the Acting Chairperson and the estimated duration, if known, of the term of the Acting Chairperson will be communicated to Ofcom and all relevant stakeholders.

1.3. The Acting Chairperson will discharge all the functions normally falling to the Chairperson including, but not limited to, those set out in the Financial Regulations, Standing Orders and Scheme of Delegation and Administration.

- 4.10 **Co-dhùnadh:** 1) chaidh seo aontachadh; 2) chaidh aontachadh a thaobh riaghlaichais nach bu chòir don neach a thèid ainmeachadh a bhith an làthair aig coinneamh Comataidh

Sgrùdaidh & Dearbhaidd (faodaidh ball bhon Chomataidh a bhith ainmichte mar Chathraiche ach bhiodh feum aca seasamh a-mach à gnothaich na Comataidh).

- 4.11 **Gníomhan:** thèid na Gnàth-riaghailtean an atharrachadh a rèir seo agus a chuir fa chomhair a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidd tro modh-obrach sgrìobhte. **(MAMI/DC)**
- 4.12 Chaidh faighneachd am biodh feum air ath-ùghdarachadh airson solarachadh leis an neach aig a bheil am buidseat nuair a thilleadh iad. Chaidh innse gu feumadh an neach a bha "an-gníomh" aithris a thoirt seachad ach nach biodh ath-ùghdarachadh a dhìth air na codhùnaidhean aca.
- 4.13 Chaidh faighneachd mu ùghdarris a' Chathraiche nam biodh neach ùr air ainmeachadh airson greis. Chaidh innse gum biodh feum air ainm-sgrìobhte air-loidhne bhon Chathraiche ùr agus litir ùghdarachaidh ùr airson a' bhanca. Cha b' urrainn do seo a bhith dèante gus am biodh neach ùr air an cuir an sàs.
- 4.14 **Co-dhùnadh:** A thaobh *absence planning* airson oifigearan aig àrd ìre agus airson obrachaidhean speisealta, chaidh aontachadh ri na prionnsabalan ach gu robh feum air an tuilleadh obrach air (a) ciamar a dheigheadh Àrd-Oifigear An-gníomh a chur an dreuchd agus dè bhathas ag ràdh mu thuarastal, agus (b) cò iad bhon taobh a-muigh a bha ainmichte.
- 4.15 **Gníomhan:** thèid am pàipear a chuir fa chomhair Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidd tro mhodh-obrach sgrìobhte. **(MAMI/DC)**

## 5. BBC ALBA – Còmhraidhean Ro-innleachdail

- 5.1 Bhruidhinn DC mun phàipear a' mìneachadh far an robhas le adhartasan le còmhraidhean ro-innleachdail. Ged a bha nithean brosnachail a' tachairt bha gluasad an slaodach.
- 5.2 **Co-dhùnadh:** bha feum air gluasad sa bhad le còmhraidhean leis a' BhBC.
- 5.3 **Gníomhan:** 1) thèid an AO an sàs gus impidh a chuir air coinneamh le riochdairean bhon BhBC [le aithne gu robh e cudromach coinneachadh leis an Stiùiriche Nàiseanan agus Roinnean] agus 2) thèid còmhradh a chumail le Riaghaltas na h-Alba gus cabhag agus ceann-là a chuir air an obair. **(DC)**

## 6. Maoineachadh nam Meadhanan Didseatach

- 6.1 Ri linn gainnead ùine, chaidh seo a chuir dheth gu là eile.

## 7 Cosgais Cur an-gníomh seanail neo-eisimeileach

- 7.1 Ri linn gainnead ùine, chaidh seo a chuir dheth gu àm eile.

**8. Planadh dol an sàs luchd-ùidh**

- 8.1 Bhruidhinn ED mun phàipear, a' toirt fiosrachadh do bhuill air cumail suas agus leasachadh dhàimhean adhartach le luchd-ùidh agus na modhan-obrach eadar-dhealaichte air an robh feum san àm neo-àbhaisteach seo.
- 8.2 **Co-dhùnadh:** ghabh buill fanear do phàipear.

**9. GISBE**

- 9.1 Thèid cuireadh a thoirt do Neil Doncaster SPFL a thiginn a Steòrnabhagh san Ògmhios (ma bhios sin ceadaichte aig an àm) no co-dhiu conaltradh air choireigin a chuir air dòigh leis a' bhòrd. **(DC)**
- 9.2 Thèid seiseanan fiosrachaidd mìosail a chuir air dòigh airson buill air na cuspairean mòra.
- 9.3 Leis gur e seo a' choinneamh mu dheireadh aig Daibhaidh Brew agus Jo NicDhòmhnaill chaithd taing a' bhùird a bhuileachadh orra airson an cuid obrach ionmhalta thairis air na bliadhnaichean.

**10. Deit na h-ath choinneimh – 9 & 10/6/20.**

Ainm sgriobhte a' chathraiche:

Deit: